



A' Sgrùdadh Eachdraidh Clachan-uaighe



A' tuigsinn Clachan-Uaighe

- Ma bhàsaicheas duine agus gum bi e air adhlacadh ann an cladh, mar as trice bidh clach-uaighe air.
- Bidh clachan-uaighe a' toirt beagan fiosrachaidh mar ainm an duine, càit an do rugadh iad agus cuin a bhàsaich iad.
- Bidh cuid de chlachan-uaighe nas aosta a' toirt seòladh an duine cuideachd.
- 'S dòcha gun innis feadhainn dhiubh dhut càit no ciamar a bhàsaich an duine.
- Faodaidh cumadh agus meud clach-uaighe tuairmsean a thoirt dhut cuideachd.
- Tha clachan-uaighe dhaoine a bhàsaich ann an cogaidhean uile coltach ri chèile.



Mar a gheibhear a-mach mu chlachan-uaighe

- Tòisich leis a' chlach-uaighe fhèin. Tha clachan-uaighe nas motha nas daoire.
- A bheil i grinn le snaidheadh no ìomhaigh oirre?
- Seall ri na facail air a' chlach-uaighe. An lorg thu ainm an duine agus cuin a rugadh agus a bhàsaich iad? Dè an aois a bha iad nuair a bhàsaich iad? (Bidh mòran chlachan-uaighe a' cleachdadh abairtean mar 'chaidil e' no 'thug an Tighearna leis e' an àite a bhith ag ràdh 'bhàsaich').

WHO PASSED WITHIN THE VEIL

- A bheil seòladh air a' chlach-uaighe?
- A bheil barrachd air aon duine air adhlacadh anns an uaigh?
- Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mun uaigh feumaidh tu fios a chur chun na h-eaglaise mas e cill a th' ann, no chun a' chomhairle ionadail airson cladh poblach. Bidh cunntasan anns gach àite le cò cheannaich an uaigh agus cò tha air adhlacadh innte.
- 'S dòcha gu bheil cunntas anns an leabharlann ionadail air an adhlacadh agus an iomradh-bàis. 'S e iomradh-bàis pìos sgrìobhaidh goirid ag innse eachdraidh an duine a bhàsaich.
- Ma tha fios agad dè an obair a bh' aig an duine agus càit an robh e a' fuireach, bidh seann leabhraichean seòlaidh baile anns an leabharlann ionadail agad a dh'fhaodadh innse dhut mun àite san robh iad ag obair.



**THIS MEMORIAL IS ERECTED BY PUBLIC SUBSCRIPTION.**

Tha seo a' ciallachadh gun tug a' mhòr-shluagh seachad airgead airson clach-uaigne an duine seo a cheannach. Tha i le nighean a bhàsaich ann an leum paraisiut.

DIED BY ENEMY ACTION JUNE 28TH 1942
AGE 74.

EUSTACE JOHN,
WHO WAS DROWNED
15TH DECEMBER 1908,
AGED 27.

Chaidh aon de na daoine seo a bhàthadh ach ciamar a tha thu a' smaoineachadh a chaidh duine aois 74 bliadhna a mharbhadh leis an nàmhaid ann an 1942?



WHO PASSED WITHIN THE VEIL
WHO ENTERED INTO REST
AND FELL ASLEEP

Tha iomadh dòigh air a bhith ag ràdh 'bhàsaich'.



Bu toigh le daoine ann an linn Bhictòria gu h-àraidh ìomhaighean air na h-uaignean aca.



Chan e clach-uaigne a tha an seo ach clach-chuimhne. Bhiodh i glè dhaor. Tha i a' comharrachadh an làraich sa bheil grunn bhuill de theaghlach iarla air an adhlacadh.